


## Air ais a Hiort

### Suidheachadh

'S e seo a' bhliadhna 2015. Tha Arm Bhreatainn air Hiort fhàgail. Tha iad air na togalaichean aca a leagail, 's chan eil air fhàgail ach na seann taighean dubha ann an sleath os cionn a' bhàigh. Tha mullaichean air na h-uimhir dhiubh fhathast, ach tha cuid mhòr a' tuiteam às a chèile.

Tha fear beairteach à Canada air Hiort a cheannach 's tha e a' dol a chur sgeama ùr air dòigh. Còig bliadhna deug air ais chunnaic e *Castaway 2000* air an telebhisean far an deach buidheann de dhaoine fhàgail ann an Tarasaigh fad bliadhna. Ach bidh seo eadar-dhealaichte ann an dà dhòigh - cha bhi ceanglaichean *sam bith* eadar Hiort 's an còrr den t-saoghal fad *dusan* bliadhna. Bidh na daoine leotha fhèin 's cha bhi cuideachadh ri fhaighinn bhon t-saoghal a-muigh.



Tha am fear beairteach airson dearbhadh gur urrainn do dhaoine an latha an-diugh tighinn beò ann an àiteachan iomallach iargalta. Tha e airson dusan duine a thrusadh a nì dachaigh, beatha 's bith-beò dhaibh fhèin 's a chruthaicheas coimhlearsnachd ùr a mhaireas às an dèidh.

*'S e a' cheist - cò thèid a thaghadh 's carson?*

### Taghadh

Feumaidh sibhse, nur buidhnean, dusan duine a thaghadh a fhreagras air an sgeama. Tha agaibh ri dhaoine le diofar sgilean is buadhan a thaghadh. Tha an liosta den luchd-thagraidh air an ath dhuilleig.

#### Smaoinichibh air seo:

- dè am feum a nì gach duine?
- dè an cron a dh'fhaodadh iad dèanamh?
- carson 's ciamar a bhiodh iad feumail?
- am biodh feum anna ann an dòighean eile seach dòighean practaigeach?
- am biodh àite ann do bhodaich 's do chailleachan is dhan chloinn bhig?
- chan ann ag obair fad na h-ùine a bhiodh iad - ciamar a dhèanadh iad dibhersan?
- ma thaghlas sibh aon duine à càraid no teaghlaich, saoil an gabh an duine eile ris a' chothrom?

## Air ais a Hiort

### **Luchd>tagraidh**

**Aonghas Bàn MacMhathain** (42). Bàrd is sgrìobhaiche sgeulachdan. Uaireigin ag obair na shaor a' togail àirneis taighe is thogalaichean ùra.

**Catriona Nic a' Bhriuthainn** (38). Neach-naidheachd. Ag obair ann an rèidio agus telebhisean, agus roimhe sin air pàipear-naidheachd.

**Ceit-Anna NicDhùghaill** (45). Bean-taighe. Ag obair ann am bùth mus do phòs i.

**Seòras MacDhùghaill** (50). Fear bùtha. An duine aig Ceit-Anna. Tha bùth bheag aige far am bi e fhèin ag obair. Bha a bhean ag obair ann mus do phòs iad, ach chan eil e airson 's gum bi mnathan pòsta ag obair taobh a-muigh an dachaigh.

**Donnchadh MacSuain** (39). Ag obair ann an garaids. Chaill e a bhean o chionn ceithir bliadhna. Tha dithis chloinne aige - **Marsaili** (8) agus **Niall** (6).

**Eachann MacAmhlaigh** (24). Connstabal poilis an Obar Dheathain. Rinn e càrsa oilthigh ann an coilltearachd.

**Seònaid Mhoireach** (23). Leannan Eachainn. Gruagaire. Thogadh i sa bhaile mhòr. Tha nighean aice fhèin 's Eachann - **Melanie** (2). Tha dùil aice ri leanabh.

**Eilidh Chamshron** (28). Bha i pòsta aig tuathanach cruidh is chaorach ann an Cataibh mus do dhealaich i ris. Rinn i fhèin càrsa ann am biathadh is còcaireachd. Tha dùil aice ri leanabh.

**Iagan Bochanan** (47) Sagart. Bha e na thidsear Saidheans ann an àrdsgoil mus deach e a-steach dhan t-sagartachd.

**Maighread Ghrann** (26). Nurs do dhaoine le trioblaidean inntinn. Cha do rinn i càrsa ann an nursadh àbhaisteach.

**Màiri Ghreumach** (43). Dannsair aig Ballet na h-Alba agus tidsear spòrs ann an àrdsgoitlean.

**Calum Greumach** (24). Mac Màiri. Draibhear bus agus fear-càraighean.

**Iseabail NicLeòid** (23). Leannan Chaluim. Gàirnealair ann am pàircean baile mhòir. Eòlach air toirt fàs air luibhean is glasraich.

**Niall Greumach** (21). Mac Màiri. Oileanach a' dèanamh ceòl anns an oilthigh.

**Murchadh MacIllFhinnein** (64). Ministear anns an Eaglais Shaoir. Bha e na sheirbhiseach stàite mus deach a-steach dhan mhiniestaralachd.

**Peigi NicIllFhinnein** (60). Bean Mhurchaidh. Tidsear bunsgoile mus do leig i dhith a dreuchd na bu thràithe am-bliadhna.

**Seòras MacIllFhinnein** (33). Mac Mhurchaidh 's Peigi. Chan urrainn dha obair air sàilleabh tubaist nuair a bha e na dheugair. 'S ann air èiginn a nì e coiseachd.

**Seumas Stiùbhart** (36). Dotair. A' togail bhàtaichean 's a' cluiche a' bhocsa na thìde fhèin. Tha e gay.

**Dòmhnull Iain MacFhionghain** (34). Croitair. A bharrachd air a' chroitearachd tha e air a bhith an cois àrach-èisg. An leannan aig Seumas.

**Sine Robasdan** (22). Rùnaire aig manaidsear companaidh. Sgilean cunntasachd is coimpiutarachd.

**Alasdair MacMhaoilein** (27). Ag obair ann an teicneòlas fiosrachaidd. Leannan Sine.

**Ùisdean Caimbeul** (54). Bha e fichead bliadhna ag òl 's ga chur a shlàinte ann an cunnart. Clachair. Ag iarraidh cothrom air beatha ùr a dhèanamh dha fhèin.

**Agnes Dhòmhnullach** (52). Piuthar Ùisdein. Còcaire ann an ospadal fad còrr is 30 bliadhna. Car trom air an deoch.

**Lachlann Dòmhnullach** (55). An duine aig Agnes. Smàladair agus eòlach air Ciad Fhuasgladh. Car trom air an deoch.

**Una NicAonghais** (57). Glanadair sgoile. Dealichte ris an duine aice. Tha clann aice ach tha an teaghlaichean fhèin aca a-nis.